


## 2 Clàr-innse


- Litearrachd atlas ————— 4–5
- Àireamhachd atlas ————— 6–7

### Eileanan Bhreatainn

#### Eileanan Bhreatainn Poilitigeach –8–9




An Rìoghachd Aonaichte  
Alba ————— 10–11



An Rìoghachd Aonaichte  
Èirinn a Tuath agus  
Ceann a Deas na h-Alba — 12



An Rìoghachd Aonaichte  
Ceann a Tuath Shasainn — 13



An Rìoghachd Aonaichte  
A' Chuimrigh agus  
Iar-dheas Shasainn — 14



An Rìoghachd Aonaichte  
Ceann a Deas Shasainn — 15



Eileanan Bhreatainn  
Èirinn ————— 16–17


- |   |   |
|---|---|
| Eileanan Bhreatainn Tìr-chumadh ————— 18        | An Rìoghachd Aonaichte Connadh agus gnìomhachas — 23  |
| Eileanan Bhreatainn Clach-eòlas ————— 19        | An Rìoghachd Aonaichte Turasachd ————— 24             |
| Eileanan Bhreatainn Gnàth-shìde ————— 20        | Eileanan Bhreatainn Spòrs ————— 25                    |
| Eileanan Bhreatainn Uisge agus tuileachadh — 21 | Eileanan Bhreatainn Ceangalan rèile agus rathaid — 26 |
| Eileanan Bhreatainn Àireamh-sluaigh ————— 22    | Eileanan Bhreatainn Ceangalan adhair agus mara — 27   |


## Giorrachaidhean

a.	abhainn	l.	loch
b.	beinn	l-m.	loch-mara
ba.	baile	l-t.	loch-tasgaidh
bhol.	bholcàno	mon.	monadh
btn.	beanntan	mul.	mullach
cao.	caolas	ru.	rubha
e.	eilean	Pob.	Poblachd
eln.	eileanan	ocm	os cionn ìre na mara
inbh.	inbhir		

### Buidheachas

b	bonn
c	clì
d	deas
m	mullach
mn	meadhan






## An Roinn Eòrpa

An Roinn Eòrpa	Tìr-chumadh	28
An Roinn Eòrpa	Poilitigeach	
	An t-Aonadh Eòrpach	29
An Roinn Eòrpa	Gnàth-shìde	30
An Roinn Eòrpa	Turasachd	31
An Roinn Eòrpa a Tuath		32-33
An Roinn Eòrpa a Deas		34-35
An Eadailt		36
An Eadailt	<i>sùil nas dlùithe</i>	37



## Àisia

Àisia	Tìr-chumadh	38
Àisia	Poilitigeach	39
Iar-dheas Àisia agus		
Àisia a Deas		40-41
Bangladeis	Tuileachadh	42
An Cuan Innseanach	Tsunàmi	43
Àisia an Ear agus		
Ear-dheas Àisia		44-45
Sìona	<i>sùil nas dlùithe</i>	46-47
Iapan		48
Iapan	<i>sùil nas dlùithe</i>	49



## Afraga

Afraga	Tìr-chumadh	50
Afraga	Poilitigeach	51
Afraga		52-53
Cèinia		54
Cèinia	<i>sùil nas dlùithe</i>	55




## Ameireaga a Tuath

Ameireaga a Tuath	Tìr-chumadh	56
Ameireaga a Tuath	Poilitigeach	57
Na Stàitean Aonaichte		58-59
	Calafòrnia	60
	Doineann Katrina	61



## Ameireaga a Deas

Ameireaga a Deas		62
Ameireaga a Deas	Poilitigeach	63
Brasil	<i>sùil nas dlùithe</i>	64-65




## Oceania

Oceania		66-67
---------	--	-------



## An Antartaig

An Antartaig		68
An Antartaig	Turasachd	
	Stòrasan nàdarra	69



## An Saoghal

An Saoghal	Poilitigeach	70-71
An Saoghal	Tìr-chumadh	72-73
An Saoghal	Teòthachd agus sìleadh-uisge	74
An Saoghal	Roinnean gnàth-shìde	75
An Saoghal	Bith-shiostaman	76-77
An Saoghal	Crithean-talmhainn agus bholcànothan	78-79
An Saoghal	Àireamh-sluaigh	80-81
An Saoghal	Leasachadh	82-83
An Saoghal	Cruinneachas agus cobhair	84
An Saoghal	Ceangalan	85

● Faidhleachan-dàta		86-87
● Seataichean-dàta		88-91
● Clàr-amais		92-96

# 4 Litearrachd atlas

## ● Cànan mapa

**Tìotal**  
a' sealltainn sgìre a' mhapa


**Fo-thìotal**  
a' mìneachadh dè tha am mapa a' sealltainn

**Clàr (ris an canar cuideachd sgeulachd)**  
a' mìneachadh nan samhlaidhean a tha gan cleachdadh air a' mhapa

**Sgèile**  
a' sealltainn cho mòr 's a tha am mapa

- Faodar fiosrachadh sgèile a nochdadh
- mar iomradh
  - mar cho-mheas (ris an canar cuideachd bloigh riochdachail)
  - mar loidhne sgèile

**Pannal fiosrachaidh**  
a' toirt fiosrachadh a bharrachd seachad, gu tric air iomallan no sàr-chlàran



**Lorgair mapa**  
a' sealltainn far a bheil sgìre a' mhapa air mapa le sgèile nas lugha


**Lorgair cruinneil**  
a' sealltainn far a bheil sgìre a' mhapa air a' chruinneil

**Co-mheasair**  
a' sealltainn cho mòr 's a tha sgìre a' mhapa an coimeas ri Eileanan Bhreatainn

## ● Samhlaidhean mapa


Tha trì seòrsaichean samhla mapa ann

Faodaidh samhlaidhean a bhith nam **puingean**




**puingean**

- còrr is millean duine
- 100 000 – 1 000 000 duine
- nas lugha na 100 000 duine
- ✈ prìomh phort-adhair
- ▲ mullaichean as àirde le àirdean ann am meatairean




Fillidhean puinge, loidhne agus sgìre

Faodaidh samhlaidhean a bhith nan **loidhnichean**



**loidhnichean**


- crìoch roinneil
- mòr-rathad
- rathad mòr
- rèile
- abhainn
- canàl



Seallaidh **teacsa ainmean àitean**


Baile beag  
Baile  
**Mòr-bhaile**  
**Dùthaich**

Faodaidh samhlaidhean a bhith nan **sgìrean**



**sgìrean**

- sgìre thogalaichte
- 200 – 500m
- 100 – 200m
- fo 100m
- muir



Fillidhean shamhlaidhean agus teacsa còmhla a' dèanamh a' mhapa



● Clò air mapaichean


Tha an seòrsa clò na chomharra air ciall faicil.

<i>Breatainn Èirinn</i>	eileanan
<b>AN RÌOGHACHD AONAICHTE POBLACHD NA H-ÈIREANN</b>	dùthchannan
<b>SASAINN ALBA A' CHUIMRIGH ÈIRINN A TUATH</b>	pàirtean den Rìoghachd Aonaichte
NA PENNINES AM MONADH RUADH	feartan fiosaigeach
Beinn Nibheis Snowdon	mullaich
<b>AN CUAN A TUATH</b> Caolas Shasainn	sgìrean mara
Manchester Iorc Dover	tuineachaidhean

● Giorrachaidhean agus camagan

Gu tric giorraichear faclan air mapaichean.

- RA An Rìoghachd Aonaichte
- SA Na Stàitean Aonaichte
- EAA Na h-Emirates Arabach Aonaichte




- A. Abhainn
- B. Beinn
- E. Eilean
- R. Rubha

Tha ainm dùthcha ann an camagan a' ciallachadh gu bheil àite na phàirt den dùthaich sin.

Tha Corsica na phàirt den Fhraing.  
Tha Sardinia na phàirt den Eadailt.



● Dealbhan saideil agus stoidhlichean mapa




Seallaidh dealbhan saideil rèididheachd bho chleachdaidhean-fearainn fa leth air an Talamh mar dhathan.

Gu tric tha na dathan sin gu math eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a chithear air dealbh-camara on adhar.

**Clàr**


orains	cùl-cinn
dearg	coille agus fearann coillteach
dubh-ghorm	sgìrean bailteil



Seallaidh mapaichean topografaigeach prìomh fheartan deilbh-tìre fiosaigeach cho math ri tuineachaidhean, conaltradh agus crìochan.

**Clàr**

(Yellow/Green)	fearann eadar 200m agus 500m
(Pink line)	mòr-rathad
(Circle with cross)	prìomh phort-adhair



Seallaidh mapaichean cuspaireil fiosrachadh mu chuspairean mar clach-eòlas, gnàth-shìde, turasachd agus spòrs.

Tha am mapa seo a' sealltainn àireamh-sluaigh.

**Clàr**

(Pink)	sgìrean le còrr is 250 duine gach cilemeatair ceàrnagach
(Large circle)	mòr-bhailtean le eadar 400 000 agus 1 000 000 duine
(Small circle)	bailtean le eadar 25 000 agus 100 000 duine


# 6 Àireamhachd atlas

'S e cruinne\* a tha anns an Talamh.

Cuidichidh dà sheata loidhnichean mas fhìor sinn gus innse far a bheil àitean air an Talamh.

Tha àireamh air gach loidhne agus tha ainmean sònraichte air cuid aca.

\* Ann an da-rìribh tha e air a dhèanamh caran rèidh aig a' Phòla a Tuath agus aig a' Phòla a Deas.



## Domhan-fhaid

Bidh loidhnichean domhan-fhaid a' tomhas astar gu sear no gu siar. Canar **loidhnichean-meadhan-làthach** riutha.

Tha a' **Phrìomh Loidhne-mheadhan-làthach** (ris an canar cuideachd an Greenwich Meridian) aig domhan-fhaid 0°.

Tha an **Loidhne-cinn-latha Eadar-nàiseanta** (air taobh thall na Talmhainn) aig domhan-fhaid 180°.

## Domhan-leud


Bidh loidhnichean domhan-leud a' tomhas astar gu tuath no gu deas. Canar **loidhnichean co-shìnte** riutha.

Tha an crìos-meadhain aig domhan-leud 0°.


Tha na tropaigean aig domhan-leud 23°30'T agus 23°30'D.

Tha cearcallan nam pòlaichean aig domhan-leud 66°30'T agus 66°30'D.

Tha na pòlaichean aig domhan-leud 90°T agus 90°D.



Cearcall na h-Artaig




Cearcall na h-Antartaig

## Taisbeanadh mapa


Tha iomadh dòigh air uachdar cruinneil na talmhainn a shealltainn air mapa rèidh.

Cleachdaidh a' mhòr-chuid de mhapaichean anns an atlas seo an taisbeanadh Eckert IV.

Tha seo a' sealltainn mheall-fearainn aig a' mheadhadh cheart an coimeas ri chèile ach tha fiaradh air a' chumadh.




Mapa an t-Saoghail a chleachdar san Rìoghachd Aonaichte



Mapa an t-Saoghail a chleachdar ann an Astràilia

Air a' mhapa seo (ris an canar Oblique Aitoff) tha sealladh math den leth-cruinne a tuath.



## Còdaichean-clèithe

Anns an atlas seo, tha na loidhnichean domhan-leud agus domhan-fhaid gan cleachdadh gus cliath a dhèanamh.

Tha litrichean air colbhan na clèithe.

Tha àireamhan air sreathan na clèithe.

Bidh àireamhan agus litrichean còmhla a' dèanamh còd-clèithe a ghabhas a chleachdadh gus mineachadh far a bheil àitean air an Talamh.



Tha Abuja ann am B4

Tha Durban ann an C2











**AN RÌOGHACHD AONAICHTE**

**A' CHUIMRIGH**

**POBLACHD NA H-ÈIREANN**



Làrach-lìn Riaghaltas na RA [www.direct.gov.uk](http://www.direct.gov.uk) [www.statistics.gov.uk](http://www.statistics.gov.uk) Staitistigs Nàiseanta Air-ìoidhme